

Coille-uisge

Dè th’ ann an coille-uisge?

’S e àite gu math blàth, fliuch agus dùmhail a th’ ann an coille-uisge.



Carson a tha an t-ainm ‘Coille-Uisge’ oirre?

Tha tòrr uisge anns na

h-àitichean seo tron bhliadhna.

A bheil iad cudromach?

Tha coilltean-uisge gu math cudromach dhuinn oir tha còrr is leth nam beathaichean agus nan lusan air an t-saoghal anns na h-àitichean seo.



Dè na beathaichean a tha anns na Coilltean-uisge?

Tha tòrr diofar bheathaichean agus lusan an seo. Tha faisg air 30 millean diofar sheòrsaichean ann!





tucan



muncaidh

nathair

liopard

losgann

Diofar Sheòrsaichean
Tha dà shersa coille-uisge ann…

Coilltean-uisge Measarra

Tha na coilltean-uisge seo faisg air a’ mhuir. Lorgaidh tu an fheadhainn seo ann an àitchean mar Canada. Tha na h-àitichean seo fliuch fad leth na bliadhna agus tioram agus ceòthach fad an leth eile.



Coilltean-uisge Tropaigeach

Tha na coilltean-uisge seo teth agus fliuch fad na bliadhna. Lorgaidh tu an fheadhainn seo ann an àitichean mar Ameireaga a Deas.



Coilltean-uisge

1. Tha a’ choille-uisge _____,_____ agus _____.
2. Tha _____ diofar sheòrsaichean bheathaichean a’ fuireach an seo mar _____ __.
3. Tha dà sheòrsa coille-uisge ann,

   _____ agus _____.

fliuch tìgear tropaigeach dùmhail

blàth tòrr measarra